

## Our Gaelic Page.



## Aisling am Fogarrach.

GÆLIC poem composed by Neil Macdonald for the Scottish Gaelic Society of New York.

'Nuair a chaidh mi a riolar do m' leabaidh  
Cha b'ann gu fois na gu suain,  
Oir bha mo chridhe trom, bronach,  
'S mo dhuthaich fad thar a chuan.

Ach sgith le m'osnaich, 'san dian-durach  
A bhi far an d'fhuair mi mo bheireadh,  
Thuit sgail na h-oidhch' air mo shuilean,  
Agus bhruidair mi bhi aig an tigh.

Chunnaic mi m'athair 's mo mhathair,  
Mo bhrathairan, 's companaich m'oige,  
Agus caillinn-boidheach nan' donn-shuil,  
A thug dhomh, mar 'b'abhaist, a pog.

Chunnaic mi ceo air a mphonadh.  
Am fraoch fo mo chasan fo bhlath;  
'San smeorach 's a phreas—binn a freagairt  
An guilbneach tursach bho'n traigh.

Agus thog mi mo shuil gus na speuran,  
Sin gh-amharc mi sios air an lar;  
A rithist mu'n cuairt ai ran tir—  
Cnuic, sruthan, 's na h-achaidh fo bharr.

Agus dhuisg mi le lanachd mo chridhe,  
Bhris oibhneas do labhairt mo shuain,  
Agus tha mi' fhathast air foantradh  
'O m'dhuthaich, tha fad thar a chuan.

## SOP AS GACH SEID.'

## DEOCH-SLAINTE.

Fas air am buntata  
Bas air an sgadan,  
Pris air na h-eildean,  
'Us Feil air na Caileagan.

## SGIOBA BAINNSE DALAT.

Thuirt muime roimhe so ri 'dalta, a bha 'dol a phosadh; "Cha 'n fhaigh thu de sgioba bainnse ach a' mheud 's a' dh' airmheas tu bhad 's a chumas tu air d' anail. Thoisich i mar so";—"Mo dhuine dhomh air thus, agus da dhithisid, ceathrar choignear chaich, agus triuir chloinne righ; aon aonan; da dhanan; tri triannan; ceithir cheithirannan; coig choigeanann; sia siathannan; seachd seachdannan; ochd ochdannan; naoi noidh'nean; deich deichnean; 'us Fionn fein a chu, 's a ghille, a bhean-nighe 's a shearbhanta."

## AN GAD.

Buain an gad  
An am reith a' mheinnein,  
Agus breith a' mheinnein

CUIR—Bean 'ga bhuain  
Dall 'ga mheangadh,  
Maighdean 'ga sgiobadh,  
Agus curidh ga shniomh,  
Agus figh an reamhar air a' chaol,  
Ma's math leat an taod a bhith buan.

## CUR N T-SIL.

An ciad Mhart leig seachad;  
An dara Mart ma 's eadar;

An treas Mart, ged nach rachadh clach-chinn-a-mheoir 'an aghaidh na gaoithe tuath, cuir an siel 'san talamh.

## TORADH.

Tri bolla gu ath,  
A dha gu muillionn,  
'S a h-aon a tigh'n dachaidh.

## AN CAT 'S AN LUCH.

LUCH.—Thuirt an luch 's i 's an fhroig,  
"De 'm fonn a th'ort, a chait romaic ghais?"

CAT.—"Comnn 'us cairdeas 'us goal—  
Faod idh tusa tighinn a mach."

LUCH.—" 'S eolach mi mu 'n dubhan chrom,  
A tha mach a bonn do chas;  
Mharbh thu mo mhathair an de  
Ge caomh riùm do bheus an diugh."

## AN SEILLEAN 'S AN SEANGAN.

Thuirt an seillean ris an t-seangan,—  
"Teann a nall 's an tog sinn tigh,"

SEANGAN.—"Am fear do 'n tug thu do mhil shamhraidi,  
Togadh e tigh-geamhraidh dhuit,  
Tha sin agamsa fo thalamh,  
'Tigh air nach ruig gaillonn no gaoth,  
'S bidh tusa 'n ad dhilleachdan lacunn,  
A' streapadh ri gasagan fraoieh."

## AN SEILGE.

Is ann an deigh na greine an deirg feasgair  
A dheanadh Fionn an t-seilg mhaidne;  
'S ann an deigh na greine deirg maidne,  
A dheanadh e 'n cadal feasgair.

## DIREADH A' BHRUTHAICH.

Cha do dhirich Fionn bruthach,  
'S cha d' ftag e bruthach gun direadh;  
Ghabhdh e air am fiaradh iad.